## A' faighinn ann

Tha an Geopark uair a thìde air falbh bho Inbhir Nis ann an càr, thar slighean ionmhiannaichte. Tha cothrom turas a ghabhail air pleàna, trèana is bus gu Inbhir Nis. Airson fiosrachadh mun deidhinn is mu na slighean a-steach dhan Geopark, thoiribh sùil air an làrach-lìn againn.



## Càite bheil an Geopark?

Tha an Geopark aig fìor cheann a tuath tìr mòr na h-Alba. Tha e tòiseachadh aig Na h-Eileanan Samhraidh air Taobh Siar Rois agus a' dol suas gu tuath, tro thaobh siar Chataibh chun chost a tuath. Tha an Geopark a' dol gu taobh an ear Dhiùranais, seachad air Loch Euraboil, chun Mhòine. Tha crìoch sear na Geopark a' leantainn sòn na Mòine, structair cudromach a thaobh geòlais.




## Àitean Fuirich & Fiosrachadh Ionadail

Tha an Geopark a' tabhann raon fharsaing de dh'àitean fuirich freagarrach airson buidsead sam bith – campadh, òsdailean, leabaidh & bracaist, iomadh seòrsa àite fèin-ullachaidh is raon fharsaing de thaighean-òsta. Gus fiosrachadh fhaotainn mu àitean-fuirich agus an sgìre ionadail:

**Visit Scotland:**

Ionad Fiosrachaidh Nàiseanta 0845 2255121
www.visitscotland.com

**Gus fiosrachadh fhaotainn mu àitean fuirich ionadail, thigibh a-steach gu na h-Oifisean Fiosrachadh Luchd-turais san sgìre:**

Oifis Fiosrachadh Luchd-turais Dhiùranais
ann am baile Dhiùranais

Oifis Fiosrachadh Luchd-turais Cheann Loch Biorbhaidh
aig Oifis NWSAIS aig Cidhe Cheann Loch Biorbhaidh

Ionad Luchd-tadhail Asainte ann am baile Loch an Inbhir

**No thoiribh sùil air làraich-lìn ionadail:**
www.durness.org
www.kinlochbervie.org
www.scourie.co.uk
www.assynt.info
www.coigach.com

## Airson fios a chur chun Geopark

Geopark Iar-thuath na Gàidhealtachd, Togalach a' Chulaig, Loch an Inbhir, Cataibh IV27 4LEAlba
Fòn: 44 (0) 1571 844000 • Facs: 44 (0) 1571 844000
Post-dealain: info@northwest-highlands-Geopark.org.u

**www.northwest-highlands-geopark.org.uk**
**www.europeangeoparks.org**

The Highland Council
HIE Caithness and Sutherland
Sutherland
Scottish Natural Heritage
Crofters Commission
Scotland
British Geological Survey

Dealbhan le taing do Thaigh-òsta Loidse an Inbhir, Dualchas Nàdair na h-Alba, Comhairle na Gàidhealtachd, Suirbhidh Geòlas Bhreatainn, Co-obrachadh Chataibh Stòrlann Dùthaich MhicAoidh agus Iain Sarjeant. Dealbhaichte le Pelican Design Consultants [www.pelican-design.com]

# North West Highlands GEOPARK
Iar-Thuath na Gàidhealtachd

## A' chiad Geopark Eòrpach an Alba







*bi beò san dealbh-tìre – bi nad rannsaichear san 21 linn*

Geoparks

## Dè th' ann an Geopark?

# North West Highlands GEOPARK
Iar-Thuath na Gàidhealtachd

S e àite a th' anns an Geopark far an cuir sibh eòlas air an dìleab geòlais do-chreidsinneach a chaidh fhàgail againn. Tha ar beanntan is ar costan, ar lusan is ar n-ainmhidhean, ar coimhearsnachdan is ar cultar – uile an urra gu mòr ris na h-atharrachaidhean a tha an lùib a' gheòlais seo.









'S e an Geopark againne aon de 32 com-pàirtichean ann an Lìonra Geoparkean na Roinn Eòrpa. Tha 55 Geopark san t-saoghal – 's iad uile le aithnichte le UNESCO.

Mar a' phàirc againne, tha coimhearsnachd ionadail air cùl gach tè is iad a' sireadh a bhith a' comharrachadh an dualchas geòlais aca is a bhith a' toirt gu buil leasachadh seasmhach. Tha seallaidhean àlainn, coimhearsnachdan làidir is geòlas aig ìre na cruinne ann an Geopark Iar Thuath na Gàidhealtachd. Tha sinn an dòchas gun còrd a h-uile càil a tha san Geopark againn ribh.

B' e Geopark Iar Thuath na Gàidhealtachd a' chiad Geopark a chaidh a stèidheachadh ann an Alba ann an 2004. Fhuair Loch Abar inbhe Geopark, air a bheil iarraidh mhòr, ann an 2007.

*"Chan fheim an neach a sheabhaicheas an toradh am blàth a mhilleadh."*

*"He who inherits the fruit must not destroy its blossom."*

## Rudan ri fhaicinn is ri dhèanamh

A' coiseachd, a' sreap, arceòlas, iasgach, spòrs, spaidsearachd, ceòl, cuairtean, eunadaireachd, spòrs uisge, fiadh bheatha, eachdraidh, sloinntearachd, fois is beachdachadh – agus, mar a bhios dùil – geòlas. Thig chun làrach-lìn an Geopark is chun na làraich le fiosrachadh mu rudan ri dhèanamh is ri fhaicinn fo 'Accommodation'. Cuideachd feumail airson rudan ri dhèanamh:

www.mackaycountry.com
airson eachdraidh agus cuairtean

www.kinlochbervie.org
airson rudan ri dhèanamh ann an Ceann Loch Biorbhaidh is mun cuairt

www.knockan-crag.co.uk
airson cuairtean stiùirichte, cuairtean-geòlas ann an càr, pasgain-sgoile agus a h-uile rud mu Tèarmann Nàdar Nàiseanta Creag a' Chnocain

www.smoocave.org
airson eachdraidh agus geòlas Uamh Smudha

www.scourie.co.uk
airson rudan ri dhèanamh agus àitean fuirich ann an sgìre Sgobharaidh

**Seirbheis Rèinsear airson cuairtean stiùirichte & tachartasan chloinne:**
Rèinsear Iar-thuath Chataibh:
Donald.Mitchell@highland.gov.uk
Fòn: 44 (0) 1971 511756

Rèinsear Asainte:
Andy.Summers@highland.gov.uk
Fòn: 44 (0) 1571 844654

Rèinsear Taobh Siar Rois:
Lindsey.Duncan@highland.gov.uk
Fòn: 44 (0) 1854 613904

walking.visitscotland.com
airson cuairtean ionadail – tha bileagan mu chuairtean ionadail rim faighinn ann an Ionadan Fiosrachadh Luchd-turais agus sa chuid as motha de dh'àitean fuirich.

# North West Highlands GEOPARK
## Iar-Thuath na Gàidhealtachd

'S e àite a th' anns an Geopark far an cuir sibh eòlas air an dìleab geòlais do-chreidsinneach a chaidh fhàgail againn. Tha ar beanntan is ar costan, ar lusan is ar n-ainmhidhean, ar coimhearsnachdan is ar cultar – uile an urra gu mòr ris na h-atharrachaidhean a tha an lùib a' gheòlais seo. Tha na creagan aig oir na mara, mu 3,000 millean bliadhna dh'aois, fiùs nas sine na na beanntan – agus abair beanntan! Càite eile am faic sibh fàire mar druimean Foinne Bheinn agus Arcail no beanntan clasaigeach mar Sula Bheinn no Stac Pollaidh?

Ann an àitean mar seo chan e dìreach na h-iolairean is na seabhagan a bhios ag èiridh suas gu h-àird. Seo aon de na ceàrnaidhean san Roinn Eòrpa sa bheil an àireamh as lugha de shluagh a' còmhnaidh. Thoir saorsa dhut fhèin ann an àite sa bheil rùm gu leòr. Dealbhan-tìre cho aosta 's nach greimich ar n-inntinnean air meud na tìm a tha air a riochdachadh leis na creagan a tha seo. Glinn shàmhach, mullaich ghaothach, tuinn ghorma air tràighean geala. Fag do chùraman air do chùlaibh. Cùm fada air falbh bho na h-àitean dùmhail làn dhaoine. Socraich thu fhèin air feasgairean soilleir an earraich an uair nach oidhche idir ann. Fairich neart siabann tuinn a' geamhraidh agus gabh fasgadh ri tac an teine le deagh leabhar is deagh dhrama. Deagh àite dhut aig am sam bith den bhliadhna.



'Glaciers, grinding West, gouged out these valleys, rasping the brown sandstone, and left, on the hard rock below – the ruffled foreland.'

*From 'A Man in Assynt' by Norman MacCaig, 1969*



Ann an Uamhan nan Cnàmh, a' beachdachadh air claigeann a' mhathain bhàin a fhuairear ann.

**Aichillidh Bhuidhe – Cuir eòlas air an t-saorsa.** Thoir sùil air Tràigh Ach na h-Àird, gabh cuairt mara mun cuairt nan Eileanan Samhraidh is tadhal air Taigh-smocaidh nan Eileanan Samhraidh. Àitean fuirich, Bùthtean, Stèisean Peatroil, Oifis a' Phuist is an Sgoil Phìobaireachd.

**Stac Pollaidh – Beinn Bheag na Geopark.** Seallaidhean àlainn is deagh fhrith-rathad chun chol an ear.

**Ionad Luchd-tadhail aig Tèarmann Nàdar Nàiseanta Creag a' Chnocain – Tadhal air a' Chnocan agus Faigh a-mach mun Phlanaid.** Gheibhear ann sgeula mu amannan buaireasach ann an eachdraidh na h-Alba fhad 's a thathar a' dol bho phòla gu pòla – panailean, Iorg-choisean agus cuairtean-treòraichte aig amannan den bhliadhna.

**Sulabheinn – An Inselberg Chlasaigeach againne.** Seo a' bheinn as sònraichte a tha againn. Cuairt fhada ach is math as fhiach a gabhail!

**Uaimhean nan Cnàimh – 47,000 bliadhna glaiste suas an seo.** Uaimhean aoil far an deach cnàimhean fhaighinn de mhathan bàn, fiadh Lochlannach, madadh allaidh, mathan donn is sinnsirean tùsail.

**Tèarmann Nàdar Nàiseanta Innis nan Damh.** Gabh cuairt tro Ghleann Tràiligil. Tha an t-ainm a' ciallachadh 'Gleann nan Tràilichean' ann an Lochlannais agus tha an aoil a' toirt air lusan annasach fàs an seo leithid machall monaidh agus leolaicheann.

**An Druim Beag.** Bùth, Oifis a' Phuist, Àitean fuirich, Obair-ciùird, làrach picnic is seallaidhean mìorbhaileach.




**Sgeulachd dhrùidhteach** – Tha dealbhan-tìre mar seo a' fuireach sa chuimhne is tha seo mar thoradh air buaidh geòlas. Thairis air billeanan de bhliadhnaichean tha na mòr-thìrean air gluasad. 500 millean bliadhna air ais bha an seann Chuan Iapetus a' sgaradh Alba bho Shasainn 's a' Chuimrigh. Airson a' chuid as motha den bhillean bliadhna mu dheireadh, bha Alba ceangailte ri Ameireagaidh is Graonlainn. Cha do dhealaich iad ach dìreach 60 millean bliadhna air ais nuair a chaidh an Cuan Siar a chruthachadh. Thar billeanan de bhliadhnaichean tha na creagan a tha a' dèanamh an àirde Iar Thuath na Gàidhealtachd air iomadh seòrsa aimsir fhaicinn – fàsaich theth, aimsir thropaigeach is linntean-eighe. Mu 430 millean bliadhna air ais bhuail dà mòr-thìr ri chèile a' cruthachadh Eileanan Bhreatainn mar a dh'aithnicheas sinn iad an-diugh – le buaidh millean no dhà de bhliadhnaichean Linn-eighe. B' e seo an àm a chaidh beanntan na h-Alba a chruthachadh. Chaidh siotaichean de chreagan a phutadh suas gu 100km chun Iar, a' cruthachadh Sàthadh na Mòine. Chuir seo Geòlaichean Bhictòrianach ann am boil oir bha iad a' sùileachadh creagan na b' òige a lorg air muin seann chreagan, ach 's ann a bha cùisean an taobh eile an seo.

Tha an dealbh-tìr timcheall ort ag innse an sgeulachd seo. Tha tòrr fiosrachadh is mìneachadh san Geopark airson ur cuideachadh a bhith a' tuigsinn an dìleab geòlais a tha ri fhaicinn sna beanntan, bho na rathaidean, air an tràigh, a-muigh ag iasgach, sna bailtean agus – fad na h-ùine – fo ur casan.

**Loch an Inbhir.** Gabh cuairt air do shocair mun Chala, coisich tro Choille nan Culag, ceannaich tiodhlacan agus thig gu dannsa no cèilidh ann. Àitean fuirich, bùthtean, stèisean peatroil, Oifis a' Phuist agus Ionad Tadhail Asainte le fiosrachadh is taisbeanaidhean.

**An Caolas Cumhang.** Cuairtean air bàtaichean agus Àitean fuirich. Tha Gleann a' Chual ainmeil an seo agus gheibhear an eas as àirde am Breatainn ann – Eas a' Chual Àlainn.

**Sgobharaidh.** Bùth, Oifis a' Phuist, Àitean Fuirich, Stèisean Peatroil, Obair-ciùird, tràigh air leth àlainn, ailtearachd traidiseanta agus Gàraidhean ainmeil Sgobharaidh – creagan teinntidh, cliùiteach.

**Tearmann Eun Eilean Shannda – Bùthgairean agus cuairtean air oir nan creagan.** Gus na seallaidhean as fheàrr fhaighinn de na h-eòin, tadhal aig àm neadachaidh ach na dìochuimhnich an eachdraidh, na taibhsean no na seallaidhean a bharrachd!

**Ceann Loch Biorbhaidh – Port Iasgaich.** Bùthtean, Obair-ciùird, Oifis a' Phuist, Stèisean Peatroil agus Àitean fuirich. Gheibhear Fiosrachadh Luchd-turais san oifis air a' Chidhe.

**Bàgh Sheannabhad – Tràigh agus Machair Iomallach.** Feumar là ann an seo seach gun toir e 4 uairean a thìde a' dol ann is air ais air chois. Tha lusan annasach an seo mar machall monaidh air a' mhachair. Feumaidh coin a bhith air an cumail fo dheagh smachd.

**Diùranais – Seann Àite Dìon MhicAoidh.** Bùthtean, Oifis a' Phuist, Stèisean Peatroil, Àitean fuirich agus Oifis Fiosrachadh Luchd-turais. Baile Ciùird Bhaile na Cille agus an sòbhrach annasach Albannach as t-samhradh.

**Am Parbh – Àite Tionndaidh.** Cuairtean air minibus (samhradh a mhàin) – aiseag bho Chidhe Ceall Dail. 'S iad na creagan mara aig a' Pharbh na creagan dìreach as àirde a gheibhear air tìr mòr Bhreatainn.

**Uamh Smudha – Uamh Aoil.** Aon de na dorsan uamha as motha ann am Breatainn – òcraichean o Linn na Cloiche agus stalagtaidhtean. Thig ann nad aonar no iarr air do neach-treòrachaidh do thoirt ann.

